



Cluicheadair leòrainn san Deil ann an Cinn a' Ghiuthsaich © Ed Smith

Plana Gàidhlig 2025- 29



Cairngorms
National Park
Pàirc Nàiseanta a'
Mhonaidh Ruaidh

Chaidh am plana seo ullachadh fo earrann 3 de dh'Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus chaidh aontachadh le Bòrd na Gàidhlig air 28 an Gearran 2025



Facal-toisich.....	4
1. Ro-ràdh	6
1.1 Mun Phlana Ghàidhlig againn	6
1.2 Mu Phàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh.....	7
1.3 Mu Ùghdarras na Pàirce	8
1.4 Gàidhlig taobh a-staigh na Pàirce Nàiseanta	10
1.5 Gàidhlig taobh a-staigh Ùghdarras na Pàirce agus mar a bheir sinn taic do chom-pàirtichean	11
1.6 Gàidhlig ann an Alba	14
1.7 Achd na Gàidhlig (Alba) 2005	15
1.8 Plana Nàiseanta na Gàidhlig	16
1.9 In-sgrùdadh air comas cànanain	17
2. Prìomh phrionnsabalan	20
2.1 Spèis cho-ionann	20
2.2 Tairgse Ghnìomhach	20
2.3 Àbhaisteachadh.....	20
3. Gealltanasan a' Phlana	21
3.1 Prìomhachasan Ro-innleachdail:	21
Amas 1 - a' Cur ri cleachdadh na Gàidhlig:	22
Amas 2 - a' toirt fàs air ionnsachadh na Gàidhlig:	24
Amas 3 - A' cur deagh ìomhaigh air adhart airson na Gàidhlig	27
3.2 Amasan seirbheisean corporra.....	30
Amas 4 - inbhe.....	32
Amas 5 - Conaltradh leis a' phoball	33
Amas 6 - fiosrachadh	35
Amas 7 - luchd-obrach.....	37
Amas 8 - Corpas na Gàidhlig.....	39
4. Ceanglaichean ris an fhrèam-obrach coileanaidh nàiseanta	40
5. Ceanglaichean ri frèamaichean-obrach ionadail agus roinneil	41
5.1 Prìomhachasan riaghaltais ionadail	41
5.2 Prìomhachasan Plana Com-pàirteachais Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh	41
6. Foillseachadh, goireasan agus sgrùdadh	43
6.1 Foillseachadh agus sanasachd a' Phlana Ghàidhlig.....	43
6.2 Goireasachadh a' Phlana.....	43
6.3 A' sgrùdadh a' Phlana	44
7. A' leabachadh a' phlana taobh a-staigh Ùghdarras na Pàirce.....	45
7.1 Uallach airson a' phlana air a' cheann thall	45
7.2 Uallach làitheil airson a' phlana	45
7.3 Buidheann buileachaidh is sgrùdaidh a' phlana Ghàidhlig	46



7.4	A' conaltradh le luchd-obrach.....	46
7.5	Buidhnean Leth-eisimeileach is Treas Pàrtaidhean	46
7.6	In-sgrùdadh air comasan Gàidhlig	46



Facal-toisich

Tha tapastraidh nan cultaran is nan cànan a chuidich gus Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh a chumadh am measg nan rudan a tha ga dhèanamh cho sònraichte. Bho choimhearsnachdan Cruithneach tràtha gu coimhearsnachdan a' cleachdadh Gàidhlig, Scots is Doraig, chithear a' bhuaidh a bh' aig na linntean de chonaltradh agus gnìomhachd chultarach ann an coimhearsnachdan air feadh na roinne.

Bho chionn còrr is 1,000 bliadhna, thàinig a' Ghàidhlig gu bhith na prìomh chànan anns a' Mhonadh Ruadh. 'S ann air an adhbhar seo a tha tùs Gàidhlig aig an uiread de na h-ainmean-àite againn: mar eisimpleir 'allt', 'coille', meall' agus mar sin air adhart. Tha àite ro-chudromach air a bhith aig a' chànan ann a bhith a' cumadh ar ceòl, seanchas, spòrs (iomain gu h-àraid) agus ar beatha chultarail san fharsaingeachd.

Agus tha an dualchas sin fhathast fìor bheothail anns a' Mhonadh Ruadh san latha an-diugh. A rèir a' chunntais-sluaigh mu dheireadh, tha Gàidhlig aig mu 3.6% de mhuinntir na Pàirce Nàiseanta, còrr is a dhà uimhir den ìre sa chòrr de dh'Alba. Tha an cànan gu sònraichte làidir ann am Bàideanach is Srath Spè, far a bheil am prìseact Badenoch: Storylands (am measg eile) air tòrr a dhèanamh gus dualchas cànanach is cultarach na sgìre a chomharrachadh, stèidhichte mar a tha e ann an seanachas agus cleachdadh cruthachail na Gàidhlig.

Dhan luchd-tadhail do dh'Alba cuideachd, cha robh am miann gus eòlas fhaighinn air a' Ghàidhlig riamh cho mòr, gu h-àraidh dhaibhsan aig a bheil sinnsearachd Albannach, agus tha am Monadh Ruadh a' toirt deagh chothrom do dhaoine a bhith gam bogadh fhèin ann an cànan agus cultar an àite shònraichte seo.

Mar Ùghdarras Pàirce, tha an dleastanas againn a bhith ag aithneachadh agus a' comharrachadh na Gàidhlig air leth cudromach dhuinn. Gu dearbh, tha am plana seo na phrìomh phàirt de sin; ach tha na freumhan Gàidhlig nas doimhne buileach na sin. 'S e an lèirsinn a th' againn gum bi pàirce nàiseanta ann far am bi daoine agus nàdar a' soirbheachadh còmhla agus tha am bun-bheachd Dùthchas mur bhunait aig seo - an ceangal domhainn eadar daoine agus nàdar. Tha ceangal bunaiteach aig muinntir na Pàirce Nàiseanta ris an fhearann agus ris an àite seo agus tha an ceangal do-sheachanta sin – tro chànan, cruth-tìre agus cultar – gar brosnachadh a bhith taiceil.



Tha e na thoileachas dhomh an treas eagraan seo den Phlana Ghàidhlig againn fhoillseachadh. Tha mi a' dèanamh fiughair ri bhith ag obair còmhla ri tòrr agaibh gus a libhrigeadh.

Sandy Bremner, Cathraiche



1. Ro-ràdh

1.1 Mun Phlana Ghàidhlig againn

Mar a' bhuidheann phoblach le uallach gus gnìomhachd a cho-òrdanachadh taobh a-staigh na pàirce nàiseanta as motha san RA, tha e na rùn dhuinn dèanamh cinnteach gu bheil luach cultarail is cànanach air leth na Gàidhlig do Phàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh air aithneachadh agus air a chomharrachadh gu h-iomlan. Tha an treas eagraan de Phlana Gàidhlig Ùghdarras na Pàirce, airson 2024-28, a' mìneachadh mar a tha sinn an dùil seo a choileanadh agus mar a tha gnìomhachd san raon seo a' co-thaobhadh ri Plana Com-pàirteachais còig-bliadhna na Pàirce Nàiseanta.

Chaidh am plana seo ullachadh fo earrann 3 de dh'Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus chaidh co-chomhairle sia seachdainean a chumail eadar 25 Faoilleach agus 7 Màrt 2024. Chaidh freagairtean a chruinneachadh tro shuirbhidh air-loidhne (a bha ri faighinn an dà chuid sa Ghàidhlig agus sa Bheurla), le roghainnean fòn, pàipeir agus post-d cuideachd.

Chaidh a' cho-chomhairle a bhrosnachadh gu mòr an dà chuid air-loidhne agus far-loidhne air grunn diofar sheanailean. Bha seo a' gabhail a-steach fios naidheachd dà-chànanach agus duilleag co-chomhairleachaidh air an làraich-lìn againn, a bharrachd air a bhith ag obair le neach-buaidh nam meadhanan sòisealta, Somhairle, gus susbaint Instagram agus TikTok sònraichte a chruthachadh gus luchd-amais nas òige a tharraing. Tha sinn a' meas gun d' fhuair sinn còrr is 150 de na freagairtean mar thoradh air seo, agus choimhead còrr is 32,000 neach air na bhidiothan a chruthaich Somhairle. Chaidh a' cho-chomhairle a cho-roinn cuideachd le còrr is 100 daoine taobh a-staigh Lìonra ùr nan Oifigearan Gàidhlig, agus fhuair sinn grunn fhreagairtean buidhne mar thoradh air seo, a bharrachd air conaltradh post-d dìreach mu chom-pàirteachasan a dh'fhaodadh a bhith ann.

Fhuair 427 freagairt uile gu lèir, agus bha 31 (7.3%) dhiubh sin sa Ghàidhlig. Tha seo an coimeas ris na 36 freagairtean a chaidh a chur a-steach dhan cho-chomhairle phoblach airson Plana Gàidhlig 2018-22. Bha 82% den luchd-freagairt ag aontachadh no ag aontachadh gu làidir leis na trì prìomhachasan ro-innleachdail a tha air am mìneachadh sa phlana; bha 78% ag aontachadh no ag aontachadh gu làidir gun robh an dreachd plana furasta a thuigsinn; agus bha 76% ag aontachadh no ag aontachadh



gu làidir gu bheil am plana 'a' cuideachadh le bhith a' dìon agus ag adhartachadh na Gàidhlig agus a cultar'. Bha a' mhòr-chuid de na daoine nach robh ag aontachadh den bheachd nach bu chòir do bhuidhnean leithid Ùghdarras na Pàirce a bhith a' toirt prìomhachas dhan Ghàidhlig nan obair làitheil. Gheibhear mìneachadh air toraidhean na co-chomhairle san aithisg co-chomhairleachaidh air a' Phlana Ghàidhlig againn.

Tha structar a' phlana seo air a stiùireadh le [Plana Nàiseanta na Gàidhlig](#), le amasan agus gnìomhan sònraichte air an comharrachadh a chuidicheas le bhith ag àrdachadh ionnsachadh agus cleachdadh na Gàidhlig sa Phàirc Nàiseanta, a bharrachd air a bhith a' brosnachadh deagh ìomhaigh dhan chànan. Chaidh a chur gu Bòrd na Gàidhlig airson aonta air 5 Iuchar 2024.

Ma tha ceist sam bith agad mun phlana seo, no ma tha thu ag iarraidh lethbhreac ann an cruth eile (a' gabhail a-steach clò mòr), cuir fios thugainn tro na diofar sheanailean a tha air am mìneachadh gu h-ìosal.

Airson lethbhreacan pàipeir, sgrìobh thugainn no rach gu:

Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh
14 A' Cheàrnag
Baile nan Granndach
PH26 3HG

Airson ceistean fòn, cuir fòn thugainn: 01479 873 535

Airson iarrtasan air-loidhne, cuir post-d gu enquiries@cairngorms.co.uk

1.2 Mu Phàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh

Chaidh Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh a stèidheachadh ann an 2003. 'S i a' phàirc nàiseanta as motha ann am Breatainn a' gabhail a-steach 4,528 km ceàrnagach ann an Siorrachd Obar Dheathain, Moireibh, Comhairle na Gàidhealtachd, Aonghas is Peairt is Ceann Rois. Tha 18,000 daoine a' fuireach anns a' Phàirc agus bidh i a' cur fàilte air mu dhà mhillean neach-tadhail gach bliadhna. Tha cha mhòr an dàrna leth den Phàirc Nàiseanta air a mheas mar 'fhearann fiadhaich', le cairteal de choille dhùthchasach na h-Alba agus cairteal de na gnèithean tearc is ann an cunnart san RA rim faighinn an seo.



Tha ceithir amasan sònraichte aig a' Phàirc Nàiseanta mar a chaidh a mhìneachadh leis a' Phàrlamaid:

- A bhith a' glèidheadh is a' cur ri dualchas agus dualchas nàdarra na sgìre;
- A bhith a' brosnachadh cleachdadh seasmhach de stòrasan nàdarra na sgìre;
- A bhith a' brosnachadh tuigse agus tlachd (a' gabhail a-steach tlachd tro chur-seachad) ann am feartan sònraichte na sgìre leis a' phoball;
- A bhith a' brosnachadh leasachadh eaconamach agus sòisealta coimhearsnachdan an àite.

Tha na h-amasan sin gu bhith air an toirt air adhart còmhla. Ach, ma tha còmhstri eadar a' chiad amas agus gin de na h-amasan eile, thèid barrachd cuideam a chur air a' chiad amas (mar a tha e air a mhìneachadh ann an Earrann 9.6 de dh'Achd nam Pàircean Nàiseanta (Alba) 2000). Tha seo a' cuideachadh le bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil glèidhteachas an dualchais nàdarra agus cultarail mar bhunait do luach eaconamach, sòisealta agus cur-seachad Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh.

1.3 Mu Ùghdarras na Pàirce

Chaidh Ùghdarras Pàirce Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh a stèidheachadh gus dèanamh cinnteach gun tèid na taobhan air leth den Mhonadh Ruadh - an àrainneachd nàdarra, na coimhearsnachdan ionadail agus a chultar - a dhìon, a dhèanamh seasmhach agus a leasachadh airson a' ghinealaich seo agus airson nan ginealaichean ri teachd. Bidh Ùghdarras na Pàirce Nàiseanta a' toirt ceannas dhaibhsan uile a tha an sàs anns a' Mhonadh Ruadh agus e ag obair ann an com-pàirteachas le farsaingeachd de choimhearsnachdan, gnìomhachasan, buidhnean neo-riaghaltais agus com-pàirteachasan san roinn phoblaich gus dèanamh cinnteach gun tèid deagh bhuaidh a thoirt aig ìre na coimhearsnachd.

Tha an obair seo air a cho-òrdanachadh tro [Phlana Com-pàirteachais na Pàirce Nàiseanta](#), a mhaireas còig-bliadhna agus a tha a' mìneachadh mar a dh'obraicheas a h-uile duine le uallach airson na Pàirce Nàiseanta còmhla gus dèiligeadh ri cùisean deatamach co-cheangailte ri a daoine, nàdar agus àiteachan agus aig a' cheann thall mar a bheir iad aghaidh air èiginnen gnàth-shìde agus nàdair.



Chaidh Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh a stèidheachadh anns a' Mhàirt 2003 agus thòisich obair Ùghdarras na Pàirce an uair sin - fhuair e na cumhachdan reachdail uile aige air 1 Sultain 2003. Tha sinn air ar dealbhadh airson a bhith nar bhuidheann a chuireas rudan an comas, a' brosnachadh obair com-pàirteachais, agus a' toirt ceannas do na com-pàirtichean uile a tha an sàs anns a' Phàirc Nàiseanta. Cha bhi sinn a' dùblachadh obair bhuidhnean eile, mar eisimpleir, na buidhnean iomairt no Dualchas Nàdair na h-Alba, ach nì sinn cinnteach gu bheil dòigh-obrach cheangailte ann airson pròiseactan is iomairtean a tha a' cuideachadh gus na ceithir amasan aig a' Phàirc Nàiseanta a chur an gnìomh.

'S iad na dleastanasan reachdail againn planadh agus leasachadh, ruigsinneachd a-muigh agus a bhith a' cruthachadh Plana Leasachaidh Ionadail agus Plana Com-pàirteachais Pàirc Nàiseanta airson Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh. Tha raointean obrach eile leithid leasachadh eaconamach, stiùireadh luchd-tadhail, soidhnichean slighe agus mìneachadh air an lìbhrigeadh tro obair com-pàirteachais, le còrr is 100 buidhnean agus comainn air an riochdachadh sa Phlana Com-pàirteachais againn.

Ann am foghlam, tha sinn a' toirt taic do chòig ùghdarrasan ionadail (Siorrachd Obar Dheathain, Aonghas, Comhairle na Gàidhealtachd, Moireibh, agus Peairt is Ceann Rois) agus Foghlam Alba gus pròiseactan a chruthachadh a chuidicheas iad le bhith a' lìbhrigeadh a' Churraicealam airson Sàr-mhathais agus leasachadh proifeiseanta leantainneach.

Tha sinn cuideachd a' dèanamh ghealltanasan soilleir mu na bhios sinn (Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh) a' lìbhrigeadh mar bhuidhinn chorporra tron treas eagraan den Phlana Ghàidhlig, agus obraichidh sinn le, agus aontaichidh sinn ri, com-pàirtichean air dè thèid a' lìbhrigeadh ann am Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh a thaobh na Gàidhlig.

Tha mu 110 neach-obrach agus 19 ball bùird aig Ùghdarras na Pàirce. Tha sinn air ar maoineachadh le Riaghaltas na h-Alba agus bidh Riaghaltas na h-Alba a' taghadh seachdnar de na buill bùird againn. Tha seachdnar bhall eile den bhòrd air an ainmeachadh dhan bhòrd leis na còig comhairlean anns a' Phàirc Nàiseanta: Siorrachd Obar Dheathain (2), Aonghas (1), a' Ghàidhealtachd (2), Moireibh (1) agus Peairt is Ceann Rois (1) - agus chaidh còig a thaghadh gu h-ionadail. Tron bhòrd againn, tha sinn cunntachail dhan Mhinistear agus mar sin do Phàrlamaid na h-Alba. Tha oifisean aig Ùghdarras na Pàirce ann am Baile nan Granndach agus ann am Bealadair.



1.4 Gàidhlig taobh a-staigh na Pàirce Nàiseanta

Tha eachdraidh bheartach aig Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh a thaobh chànanan is dualchais. Thàinig a' Ghàidhlig gu bhith na phrìomh chànan ann an sgìre a' Mhonaidh Ruaidh còrr is 1,000 bliadhna air ais (a' gabhail àite cànan is dualchas nan Cruithneach) agus air sgàth sin tha a' mhòr-chuid de na h-ainmean-àite anns a' Phàirc Nàiseanta nan ainmean Gàidhlig bho thùs. Ach, anns an 18mh is 19th linn, dh'fhàs tòrr dhaoine ann an sgìre a' Mhonaidh Ruaidh dà-chànanach agus a' Bheurla-Ghallda aca a bharrachd air a' Ghàidhlig. Air taobh an ear na Pàirce Nàiseanta, tha dualchainnt Doric an àite ga bruidhinn gu farsaing agus tha i a' cur ri dualchas is eachdraidh an àite.

A rèir cunntas-sluaigh 2011, 's urrainn do 657 duine a tha trà bliadhna a dh'aois no nas sine a tha a' fuireach anns a' Phàirc Nàiseanta Gàidhlig a bhruidhinn, a leughadh agus/no a thuigsinn, a' mhòr-chuid aca a' fuireach ann am Bàideanach agus Srath Spè (3.6% de shluagh na Pàirce Nàiseanta agus 0.8% de luchd-labhairt uile na Gàidhlig ann an Alba). Thuirt 146 gum biodh iad a' cleachdadh Gàidhlig san dachaigh (0.8% de shluagh na Pàirce Nàiseanta agus beagan nas lugha na cairteal de luchd-labhairt na Gàidhlig san sgìre). Tha a' mhòr-chuid de na daoine sin a' fuireach ann am Bàideanach agus Srath Spè.

A rèir fiosrachaidh a chuir Bòrd na Gàidhlig ri chèile airson na bliadhna acadaimigeach 2021 - 2022, tha 17 Ionadan Tràth-ionnsachaidh Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig ann an sgìre Comhairle na Gàidhealtachd agus aon ann am Peairt is Ceann Rois (a-mach à 55 ionad tràth-ionnsachaidh Gàidhlig air feadh na dùthcha). Chan eil ach aon dhiubh sin – Baile Ùr an t-Slèibh – suidhichte taobh a-staigh crìochan na Pàirce Nàiseanta. Tha 1,081 sgoilear ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig aig ìre na bun-sgoile air a' Ghàidhealtachd, agus 40 ann am Peairt is Cheann Rois. Tha naoinear sgoilearan ann an clas Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig ann am Bun-sgoil Whitehills ann am Farfar, Aonghas. Chan eil foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ri fhaighinn ann am Moireibh, no Siorrachd Obar Dheathain aig an àm seo. Tha 13 àrd-sgoiltean a' lìbhrigeadh Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig ann an Comhairle na Gàidhealtachd agus tha aon àrd-sgoil ann am Peairt is Ceann Rois, le 445 sgoilearan air a' Ghàidhealtachd agus seachdnar sgoilearan ann am Peairt is Ceann Rois. 'S e Ceann a' Ghiùthsaidh an aon sgoil a tha taobh a-staigh crìochan na Pàirce Nàiseanta.

Tha grunn chompanaidhean agus buidhnean saor-thoileach Gàidhlig ag obair anns a' Phàirc Nàiseanta, no faisg oirre, a tha a' tairgse sheirbheisean Gàidhlig no seirbheisean



cultarach na Gàidhlig (tha cuid aca a' faighinn taic agus/no pàirt-mhaoineachadh bho Ùghdarras na Pàirce). Am measg nam buidhnean saor-thoileach anns a' Phàirc Nàiseanta, tha Sinne (Buidheann Ghàidhlig Shrath Spè is Bhàideanach) a bhios a' toirt seachad tachartasan ionnsachaidh is coinneachaidh airson luchd-ionnsachaidh is fileantaich na Gàidhlig agus Gàidhlig anns a' Phàirc, buidheann iomairt Ghàidhlig. Tha grunn bhuidhnean nàiseanta cuideachd gnìomhach sa Phàirc Nàiseanta, nam measg Fèisean nan Gàidheal, Spòrs Gàidhlig agus An Comunn Gàidhealach.

1.5 Gàidhlig taobh a-staigh Ùghdarras na Pàirce agus mar a bheir sinn taic do chom-pàirtichean

Chuir Lorna Slater BPA (Ministear airson Sgilean Uaine, Eaconamaidh Chearcallach agus Bith-iomadachd) an ceathramh Plana Com-pàirteachais airson Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh airson 2022-27 air bhog a' mìneachadh mar a dh'obraicheas a h-uile duine le uallach airson na Pàirce Nàiseanta còmhla gus dèiligeadh ri cùisean deatamach co-cheangailte ri a daoine, nàdar agus àiteachan agus aig a' cheann thall mar a bheir iad aghaidh air èiginnean gnàth-shìde agus nàdair.

Tha trì earrannan anns a' Phlana Com-pàirteachais – Nàdar, Daoine agus Àite – agus taobh a-staigh earrann nan Daoine tha amas sònraichte (B8) a thaobh na Gàidhlig agus mu ar dleastanas reachdail mar bhuidheann poblach:

- Tha a' Ghàidhlig na pàirt de dhualchas chultarail is nàdarra na Pàirc Nàiseanta agus tha pàirt bheothail aice ri chluich san àm ri teachd. Feumar taic a chumail ri cleachdadh leantainneach na Gàidhlig agus a glèidheadh mar chànan agus cultar gnìomhach taobh a-staigh coimhearsnachdan na Pàirc Nàiseanta.

Amas: Brosnaich barrachd cleachdadh na Gàidhlig sa Phàirc Nàiseanta

Targaid: Barrachd chothroman do dhaoine fa leth agus do choimhearsnachdan a bhith a' dol an sàs sa Ghàidhlig agus sa chultar aice.

Tha an treas eagra seo den Phlana Ghàidhlig a' mìneachadh mar a tha sinn an dùil an t-amas seo a choileanadh agus bu chòir a leughadh ann an co-theacs an t-seallaidh, nan amasan agus nam poileasaidhean a tha air am mìneachadh ann am Plana Com-pàirteachais Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh airson 2022-27. Tha amas co-cheangailte (C10 – dualchas cultarail) a' mìneachadh ar dòigh-obrach a thaobh



dualchas cultarail a tha air a stiùireadh leis a' choimhearsnachd agus tha seo a' toirt iomradh sònraichte air Scots / Doraig.

A thaobh lìbhrigeadh dìreach, tha Ùghdarras na Pàirce agus a chom-pàirtiche Urras a' Mhonaidh Ruaidh air grunn phròiseactan Gàidhlig sònraichte a mhaoineachadh thar nam bliadhnaichean agus tha iad cuideachd air grunn chùrsaichean mothachadh Gàidhlig a ruith airson seirbheisean maoir-dùthcha, buill a' bhùird, luchd-obrach agus com-pàirtichean. Bidh sinn a' dèanamh suirbhidh co-ionannachd bliadhnaile anns a bheil còig ceistean mun Ghàidhlig, agus gheibhear na toraidhean sna [h-aithisgean adhartas Gàidhlig bliadhnaile](#) againn:

- Nad bheachdsa, dè an comas leughaidh a th' agad sa Ghàidhlig?
- Nad bheachdsa, dè an comas sgrìobhaidh a th' agad sa Ghàidhlig?:
- Nad bheachdsa, dè an comas labhairt a th' agad sa Ghàidhlig?
- Nad bheachdsa, dè an comas a th' agad gus Gàidhlig a thuigsinn?
- Am biodh tu airson trèanadh fhaighinn a thaobh a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig?

Dh'ath-nuadhaich sinn branndaichean na Pàirce Nàiseanta, Ùghdarras na Pàirce agus VisitCairngorms ann an 2023 gus follaiseachd cho-ionann a thoirt dhan Bheurla is dhan Gàidhlig airson a' chiad uair, agus leabaich sinn cleachdadh na Gàidhlig taobh a-staigh nan [stiùiridhean brannd](#) ùra againn. Tha seo a' gabhail a-steach a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil suaicheantasan ùra a thèid a chruthachadh le no airson Ùghdarras na Pàirce a' leantainn nam prionnsapalan sin. Chaidh an dòigh-obrach seo a sgaoileadh thairis air an làraich-lìn, na seanailean meadhanan sòisealta, foillseachaidhean agus bileagan, soidhnichean, goireasan bhidio agus na teamplaidean corporra uile againn.

Air-loidhne, tha sinn air Gàidhlig a chur air còrr is 20 prìomh dhuilleag air an làraich-lìn againn agus bheir sinn prìomhachas do seo mar phàirt den phròiseact ùr againn gus an làrach-lìn ath-leasachadh. Tha sinn air goireasan Gàidhlig sònraichte a chruthachadh a tha a' comharrachadh [camanachd](#) agus a' brosnachadh ghnìomhachasan gus [Gàidhlig a thoirt a-steach do na gnìomhan eadar-mhìneachaidh aca](#), agus tha sinn air an am bun-beachd *Dùthchas* a chur aig cridhe [prògram Monadh Ruadh 2030](#) againn le luach £43 millean. Tha [dàn a chaidh a choimiseanadh airson ar 20^{mh} ceann-bliadhna](#) cuideachd a' gabhail a-steach rann Gàidhlig sònraichte le fòcas air *dùthchas*.



Air na meadhanan sòisealta, tha sinn air fòcas a chur air a bhith a' fighe eadar-theangachaidhean Gàidhlig a-steach do roghainn farsaing de na postaichean againn (còrr is 50 sa bhliadhna), a' dèanamh susbaint nas ruigsinniche dhan luchd-èisteachd againn agus a' brosnachadh an luchd-leantainn againn a bhith ag ionnsachadh agus a' dol an sàs sa chànan. Tha sinn a' toirt iomradh sònraichte air luach na Gàidhlig agus air a' cheangal eadar Pàirce Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh agus an cànan a thaobh cultar agus dualchas, agus bidh sinn a' toirt seachad goireasan sìmplidh do na com-pàirtichean againn gus an aon rud a dhèanamh. Bidh sinn cuideachd ag obair le ar com-pàirtichean Com-pàirteachas Gnìomhachais a' Mhonaidh Ruaidh agus leis a' choimhearsnachd ionadail gus dualchas cultarail sgìre Bhàideanach (a' gabhail a-steach na Gàidhlig) a chomharrachadh tro làrach-lìn [Badenoch: The Storylands](#).

Far loidhne, bidh sinn a' cleachdadh shoidhnichean dà-chànanach aig oifisean Ùghdarras na Pàirce air an taobh a-staigh agus a-muigh, air carbadan nam maor-dùthcha, agus air soidhnichean air na rathaidean-iarainn air feadh na Pàirce Nàiseanta. Tha a' bhileag againn mu [Ainmean-àite Gàidhlig](#) a' cuideachadh luchd-còmhnaidh agus luchd-tadhail gus tuigse fhaighinn air dè na h-ainmean-àite aig a bheil tùs Gàidhlig agus na tha iad a' ciallachadh. Tha fèill mhòr air a bhith air an fhoillseachadh seo agus tha sinn air iomadh ath-bhreacadh a dhèanamh oirre airson sgaoileadh air feadh na sgìre. Bidh ro-ràdh sa Ghàidhlig anns na foillseachaidhean reachdail is poileasaidhean uile againn.

Tha a' Ghàidhlig ga comharrachadh tron tionndadh dhà-chànanach den dearbh-aithne brannd againn air feadh na Pàirce Nàiseanta. Tha e air a chleachdadh air grunn diofar chomharraichean air na slighean a-steach dhan Phàirc, agus air panoramathan (tha an dà chuid air an dèanamh is air am maoineachadh le Ùghdarras na Pàirce). Tha fàilte agus beagan teacsa sa Ghàidhlig air na panoramathan a tha air an taisbeanadh ann an ionadan nam maor-dùthcha agus ionadan fiosrachaidh luchd-tadhail cho math ris an fheadhainn ann an coimhearsnachdan. Bheir sinn comhairle agus taic do chom-pàirtichean gus cur ri cleachdadh na Gàidhlig far a bheil seo iomchaidh.

Tha stiùireadh do luchd-obrach mu cleachdadh na Gàidhlig sna gnìomhan làitheil aca mar phàirt de dh'inntriageadh ar luchd-obrach agus bidh trèanadh Gàidhlig ri fhaotainn do luchd-obrach a dh'iarras e. Tha a' Ghàidhlig air aon de na slatan-tomhais ion-mhiannaichte air sanasan obrach uile Ùghdarras na Pàirce agus tha sinn air grunn inntearnaich Ghàidhlig fhasadh thar nam beagan bhliadhnaichean a dh'fhalbh gus pìosan obrach sònraichte a thoirt air adhart a tha a' comharrachadh a' chànan agus a' chultair cho-cheangailte.



Thoir an aire: mar thoradh air cuideam mòr air a' bhuidseit nuair a chaidh seo a sgrìobhadh, cha b' urrainn do dh'Ùghdarras na Pàirce gealltainn gum biodh àrdachadh san ullachadh airson gach amas agus gnìomh a tha air an ainmeachadh ann an eagraan a trì den Phlana Ghàidhlig seo. Ach, cha deach targaid sam bith a lùghdachadh bhon dàrna eagraan den phlana seo agus – mur a bi am buidseat cho teann anns na bliadhnaichean ri teachd – cuiridh Ùghdarras na Pàirce ri na tha air a dhèanamh a rèir sin.

1.6 Gàidhlig ann an Alba

Ann an Alba air fad, chaidh an àireamh iomlan de dhaoine aois trì no nas sine a chaidh a chlàradh le comas Gàidhlig a bhruidhinn, a leughadh agus/no a thuigsinn an àirde bho 87,056 ann an cunntas-sluaigh 2011 gu 130,000 ann an 2022 (2.4% de shluagh na h-Alba).. Tha an àireamh sa cheud as àirde de dhaoine aig a bheil sgilean Gàidhlig anns na h-Eileanan an Iar; 57% 'S anns an Eilean Sgitheanach, Loch Abair is Bàideanach (a' gabhail a-steach pàirt de Phàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh) a tha an dàrna ìre as motha aig 12%.

Chaidh an àireamh de dhaoine a b' urrainn an cànan a bhruidhinn, a leughadh agus a sgrìobhadh suas 12,000 gu 44,000 eadar 2011 agus 2022, . Ach an coimeas ri seo, dh'aithris 50,000 nas lugha de dhaoine gun robh comas aca Scots a bhruidhinn, a leughadh agus a sgrìobhadh thairis air an aon àm. Chaidh an àireamh de dhaoine a thuigeas, ach nach eil comasach air Gàidhlig a leughadh, a sgrìobhadh no a bhruidhinn suas bho 23,000 gu 46,000. 'S e tuigse na Gàidhlig a-nis an roinn comais as motha airson a' chànan, a tha air àrdachadh bho 27% gu 36%. Tha an fheadhainn aig a bheil comas Gàidhlig a leughadh, a sgrìobhadh, agus a bhruidhinn a' dèanamh suas mu thrìan (34%) de na daoine a dh'aithris gun robh sgilean Gàidhlig sam bith aca ann an 2022, agus tha seo air tuiteam bho 37% ann an 2011.

Ann an cunntas-sluaigh 2022, chaidh faighneachd de luchd-freagairt dè a' phrìomh chànan a th' aca. Dh'fhaodadh luchd-freagairt Beurla a thaghadh, no cànan sam bith eile a chur ann. Sheall seo gun robh Gàidhlig mar phrìomh chànan aig 0.1% de dhaoine a bha nas sine na dà bhliadhna a dh'aois. Cha b' e buileach an aon cheist a chaidh fhaighneachd ann an cunntas-sluaigh 2011, a dh'fhaighnich an robh cànan sam bith seach Beurla ga chleachdadh san dachaigh. Sheall seo gum biodh 0.5% de dhaoine nas sine na dà bhliadhna a dh'aois a' cleachdadh na Gàidhlig san dachaigh.



Fhuair [Suirbhidh Beachdan Sòisealta na h-Alba](#) 2021 a-mach gu bheil an cuibhreann de dhaoine 'as urrainn facal no dhà' a ràdh sa Ghàidhlig air dùblachadh san 10 bliadhna bho 2012 gu 2022, bho 15% gu 30%. Aig an aon àm fhuair [suirbhidh de chòrr is 1,100 neach òg airson Young Scot](#) a-mach gun robh ùidh aig 59% de dhaoine òga aig nach robh Gàidhlig ann a bhith ag ionnsachadh a' chànan, suas 10% bho 2020. Ged a tha na h-àireamhan seo air an tarraing à sampall mòran nas cumhainge na an cunntas-sluaigh, tha iad a' sealltainn deagh thread ann an taic dhan Ghàidhlig.

Chan eil figear ùghdarrasail ann airson àireamh an luchd-ionnsachaidh inbheach nach eil fileanta; ach, a rèir sgrùdadh a rinneadh do Bhòrd na Gàidhlig ann an 2016 bhathar a' toirt tuairmse gun robh 3,467 ann an Alba. Tha còrr is 5,000 sgoilearan bun-sgoile agus àrd-sgoile ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig gu nàiseanta aig an àm seo, le 1,000 pàiste eile ann an sgoiltean-àraich tro mheadhan na Gàidhlig. Ann am Foghlam tro mheadhan na Beurla, tha còrr is 3,000 sgoilear a' dèanamh na Gàidhlig mar chuspair san àrd-sgoil gach bliadhna eadar ÀS1 agus ÀS6. Bidh tòrr chloinne ann an sgoiltean tro mheadhan na Beurla ag ionnsachadh na Gàidhlig mar Chànan 2 no Cànan 3 gach bliadhna.

1.7 Achd na Gàidhlig (Alba) 2005

Chaidh Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 aontachadh le Pàrlamaid na h-Alba gus inbhe na Gàidhlig a dhaingneachadh mar chànan oifigeil ann an Alba aig a bheil spèis cho-ionann ris a' Bheurla.

'S e fear de na prìomh fheartan ann an Achd 2005 gu bheil ullachadh ann a tha a' toirt comas do Bhòrd na Gàidhlig toirt air ùghdarrasan poblach planaichean Gàidhlig a dheasachadh. Chaidh an t-ullachadh seo a chur ann gus dèanamh cinnteach gun dèan an roinn phoblach ann an Alba oidhirp gus an seas a' Ghàidhlig, le bhith a' togail inbhe is ìomhaigh na Gàidhlig agus le bhith a' cruthachadh chothroman practaigeach gus a cleachdadh.

Is e an sgrìobhainn seo an treas eagra de Phlana Gàidhlig Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh a chaidh a dheasachadh taobh a-staigh frèam Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Tha e a' cur an cèill mar a chleachdas sinn Gàidhlig san obair againn agus mar a nì sinn cleachdadh na Gàidhlig comasach nuair a bhios sinn a' conaltradh ris a'



phoball is ris na prìomh chom-pàirtichean againn, agus mar a bhrosnaicheas agus a leasaicheas sinn a' Ghàidhlig.

Thathar air Plana Gàidhlig an Ùghdarras a chur ri chèile a rèir nan slatan-tomhais reachdail anns an Achd, le mothachadh air Plana Nàiseanta na Gàidhlig is air an Stiùireadh air Deasachadh Phlanaichean Gàidhlig.

Tha Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh ag aithneachadh gu bheil Gàidhlig na pàirt bhunaiteach de dhualchas, fèin-aithne is cultar na h-Alba agus na Pàirce Nàiseanta. Tha sinn ag aontachadh ri amasan ro-innleachdail Plana Nàiseanta na Gàidhlig agus tha sinn air na structaran is iomairtean a chur air dòigh a tha a dhìth gus dèanamh cinnteach gum bi a' Ghàidhlig seasmhach ann an Alba agus ann am Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh san àm ri teachd.

Tha sinn ag aithneachadh gu bheil suidheachadh na Gàidhlig anabarrach cugallach agus ag aithneachadh ma tha Gàidhlig gu bhith air a h-ath-bheothachadh mar chànan beò ann an Alba, gu bheil feum air oidhirp cho-phàirteach aig an riaghaltas, na roinnean poblach is prìobhaideach, buidhnean coimhearsnachd agus luchd-labhairt fa leth gus:

- Cuir ri inbhe na Gàidhlig.
- Brosnaich Ionnsachadh is togail na Gàidhlig
- Brosnaich meudachadh air cleachdadh na Gàidhlig.

1.8 Plana Nàiseanta na Gàidhlig

Tha taic Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh ri lèirsinn Plana Nàiseanta na Gàidhlig airson 2023-28, a tha ag amas air: Leudachadh a ghabhas tomhas san àireimh dhaoine a tha a' bruidhinn, ag ionnsachadh, a' cleachdadh agus a' toirt taic dhan Ghàidhlig. Tha sinn gu mòr airson an lèirsinn seo a choileanadh le bhith a' cuimseachadh ar cuid obrach air trì prìomh raointean, mar a chaidh aontachadh le Bòrd na Gàidhlig:

- **A' meudachadh cleachdadh na Gàidhlig** taobh a-staigh na buidhne againn agus a' brosnachadh barrachd dhaoine gus a' Ghàidhlig a chleachdadh nas trice nuair a bhios iad a' conaltradh ruinn
- **A' cur ris na cothroman aig daoine a bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig** mar phàirt den obair làitheil againn.



- **A' brosnachadh ìomhaigh fhàbharach dhan Ghàidhlig** far an gabh seo dèanamh mar phàirt den obair làitheil againn mar bhuidheann, agus a' brosnachadh daoine/buidhnean eile san lìonra againn gus an aon rud a dhèanamh.

1.9 In-sgrùdadh air comas cànanain

Tha geàrr-chunntas air obair làithreach Ùghdarras na Pàirce a thaobh na Gàidhlig ann an earrann 1.4 gu h-àrd. Bidh Ùghdarras na Pàirce a' dèanamh sgrùdadh bliadhnail air na comasan-lìbhrigidh Gàidhlig làithreach, agus chaidh feart a thoirt air na toraidhean nuair a bhathar a' cruthachadh ghealltanasan sa phlana seo. Tha na co-dhùnaidhean cuideachd air ar cuideachadh le bhith ag obrachadh a-mach mar a stèidhichear, a chumar suas no a leasaichear ar cleachdaidhean gus cleachdadh na Gàidhlig a thoirt air adhart.

Tha sinn ag aithneachadh gu bheil a' Ghàidhlig na pàirt bhunaiteach de dhualchas, fèin-aithne is cultar na h-Alba agus na Pàirce Nàiseanta, agus tha sinn air aontachadh mar-thà grunn ghnìomhachdan a dhèanamh le luchd-obrach, com-pàirtichean agus leis a' phoball, a bhios a' cur air adhart na Gàidhlig agus a cultar. Tha na h-oifisean againn a' taisbeanadh an dealais a th' againn agus a' togail aire mun Ghàidhlig. Tha na bùird-fàilteachaidh againn ann an oifis Bhaile nan Granndach agus Bhealadair a' cleachdadh an t-suaicheantais dhà-chànanaich agus tha beagan teacsa orra sa Ghàidhlig, agus tha co-ionannachd faicsinneachd aig Beurla agus Gàidhlig sna seòmraichean-coinneachaidh uile againn. Tha am brannd dà-chànanaich air an raca bhileagan againn do luchd-tadhail agus tha lethbhreacan de [bhileag mu Ainmean-àite Gàidhlig](#) rim faighinn ann. Tha èideadh agus carbadan nam maor-dùthcha againn a' gabhail a-steach na Beurla agus na Gàidhlig le co-ionannachd follaiseachd.

Tha an sgrùdadh bliadhnail againn air comasan Gàidhlig a' sealltainn nach eil neach-obrach sam bith againn a tha fileanta / meadhanach sa Ghàidhlig, ged a tha aon neach ag ràdh gu bheil comas meadhanach aca ann an leughadh a' chànanain. Tha sianar luchd-obrach ag ràdh gu bheil comas 'air choireigin' aca agus 32 gu bheil 'beagan' comais aca air Gàidhlig a leughadh, le còignear ag ràdh gu bheil comas 'air choireigin' aca air Gàidhlig a sgrìobhadh agus ochdnar agus ràdh gu bheil comas 'air choireigin' aca a bruidhinn. Nuair a chaidh Gàidhlig a thabhann mar chùrsa trèanaidh aig deireadh 2023, chlàraich 40 neach-obrach (còrr is 1/3 den luchd-obrach againn) airson ceithir



seiseanan eadar-dhealaichte, a' sealltainn gu bheil dealas farsaing dhan chànan am measg ar luchd-obrach.

Bidh Ùghdarras na Pàirce a' maoineachadh agus a' ruith grunn phròiseactan, cùrsaichean trèanaidh agus tachartasan a bhios a' brosnachadh, a' leasachadh agus a' toirt fàs air a' Ghàidhlig agus a cultar, an dà chuid airson luchd-obrach agus airson a' phobaill. Tha sinn air trèanadh Gàidhlig a thairgsinn tro mheasgachadh de phrògraman sna beagan bliadhnaichean mu dheireadh, a' gabhail a-steach pròiseact nam maor saor-thoileach, trèanadh luchd-obrach is bùird agus pròiseas inntrigidh nam maoir-dùthcha. Chaidh goireasan Gàidhlig a chruthachadh cuideachd airson sgioba nam maor-dùthcha, a' gabhail a-steach beag-fhaclair feumail de bhriathran cudromach.

Bithear a' tairgse cothroman trèanadh agus ionnsachadh na Gàidhlig a bharrachd do luchd-obrach tron t-siostam measaidh againn agus cumaidh sinn oirnn a bhith a' brosnachadh is a' tairgse nan cothroman seo nuair a dh'èiricheas iad. Chaidh stiùireadh mun Ghàidhlig a thoirt dhan luchd-obrach air fad, a' gabhail a-steach stiùireadh mu bhith a' dèiligeadh ri ceistean a gheibhear sa Ghàidhlig gus taic is misneachd a thoirt do luchd-obrach a thaobh a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig. Gu ruige seo, tha sinn air dèiligeadh ri dà cheist anns a' Ghàidhlig agus fhreagair sinn iad taobh a-staigh nan amannan freagairt àbhaisteach againn.

Tha am poileasaidh fastaidh is taghaidh ag ràdh: 'Bu chòir eòlas air cànanan traidiseanta na Pàirce Nàiseanta mar a' Ghàidhlig a bhith na bhuannachd far am bi e na chuideachadh gus cur gu h-èifeachdach ri amasan a' Phlana Com-pàirteachais. Far a bheil ìre shònraichte de sgilean Gàidhlig mar phàirt den tuairisgeul obrach, bu chòir an dreuchd a bhith air a shanasachd gu dà-chànanach.

Gu ruige seo, chaidh sia obraichean a shanasachd far an robh Gàidhlig na buannachd, ach cha robh tagraiche sam bith ann aig an robh Gàidhlig. Cha deach obair sam bith a shanasachd mar 'Ghàidhlig riatanach' oir cha robh obair sam bith ann far an robh seo riatanach. Tha sgrùdadh air comasan Gàidhlig air foirmean iarrtais air a bhith an sàs bhon Chèitean 2015. Cha d' fhuaras foirm-iarrtais sam bith sa Ghàidhlig gu ruige seo.

Bidh sinn a' cumail sùil air agus a' measadh nan gnìomhachdan Gàidhlig uile, a' gabhail a-steach stuthan corporra agus soidhnichean Gàidhlig agus dà-chànanach, foillseachaidhean, susbaint lìn, stuthan taic, stuthan foghlaim, tachartasan, meadhanan is meadhan sòisealta agus pròiseactan foghlaim, mar eisimpleir, Duais Iain Muir a tha ri fhaighinn anns a' Ghàidhlig.



Tha Urras a' Mhonaidh Ruaidh air taic a thoirt do ghrunn phròiseactan Gàidhlig thairis air na beagan bhliadhnaichean mu dheireadh, a' gabhail a-steach dà thabhartas Bhuidheann Gnìomha Òigridh do dh'Fhèis Spè agus taic cultar is facal-labhairteach na Gàidhlig tro Badenoch: The Storylands. Tha obair a bharrachd air a ghabhail a-steach san aithisg adhartas bhliadhnail againn a thèid a chur gu Bòrd na Gàidhlig [a bhios air foillseachadh air an làraich-lìn againn.](#)



2. Prìomh phrionnsabalan

2.1 Spèis cho-ionann

Fo Achd na Gàidhlig 2005, tha Bòrd na Gàidhlig ag amas air inbhe na Gàidhlig a dhaingneachadh mar chànan oifigeil ann an Alba aig a bheil spèis cho-ionann ris a' Bheurla agus a' leantainn air seo, tha am Bòrd an dùil gun seall ùghdarrasan poblach anns na planaichean aca, mar a thèid am prionnsabal a choileanadh agus a chumail suas san obair aca.

Nì Ùghdarras na Pàirce cinnteach, far a bheil Gàidhlig mar phàirt den obair is de na seirbheisean againn, gu bheil iad aig an aon ìre agus càileachd ris an fheadhainn a bheir sinn seachad sa Bheurla.

2.2 Tairgse Ghnìomhach

Bidh Ùghdarras na Pàirce a' tairgsinn nan seirbheisean Gàidhlig againn gu gnìomhach dhan luchd-obrach againn agus dhan phoball. Nì seo cinnteach, nuair a bhios sinn a' toirt seachad seirbheisean Gàidhlig, gum bi luchd-cleachdaidh na Gàidhlig mothachail gu bheil iad ann, agus gu bheil iad air am brosnachadh gus an cleachdadh. Bheir seo an t-uallach air falbh bhon neach fa leth a bhith ag iarraidh na seirbheis agus bheir e misneachd do luchd na Gàidhlig gun tèid na feumalachdan a choileanadh mas e sin a thaghas iad. Nì sinn cinnteach gu bheil na seirbheisean Gàidhlig againn a cheart cho ruigsinneach ris na seirbheisean Beurla againn.

2.3 Àbhaisteachadh

Nì Ùghdarras na Pàirce cinnteach gum bi cothroman dhan phoball agus dhan luchd-obrach againn gus a' Ghàidhlig a chleachdadh air an àbhaisteachadh, mar thaic ri amasan Plana Nàiseanta na Gàidhlig.



3. Gealltanasan a' Phlana

3.1 Prìomhachasan Ro-innleachdail:

Às dèidh chòmhraidhean eadar Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh agus Bòrd na Gàidhlig, chaidh na prìomhachasan ro-innleachdail a leanas aontachadh airson an treas eagrain de Phlana Gàidhlig Ùghdarras na Pàirce:

i. A' cur ri cleachdadh na Gàidhlig:

- Obraich ann an com-pàirteachas le ùghdarrasan ionadail agus buidhnean eile ann an sgìre na Pàirce Nàiseanta gus barrachd chothroman a thoirt do dhaoine òga gus a' Ghàidhlig a chleachdadh.
- Brosnaich luchd-obrach agus luchd-tadhail gus pàirt a ghabhail ann an iomairt Cleachdi.
- Dèan cinnteach gu bheil freagairtean no fianais sam bith bho Ùghdarras na Pàirce ann an co-chomhairlean mu ath-leasachadh an fearainn a' gabhail a-steach iomraidhean air cleachdadh na Gàidhlig.

ii. A' toirt fàs air ionnsachadh na Gàidhlig

- Cuir ris na goireasan foghlaim Gàidhlig a th' ann mar-thà. Cruthaich a h-uile goireas foghlaim ùr aig Ùghdarras na Pàirce an dà chuid ann an Gàidhlig agus Beurla.
- Cruthaich goireasan Gàidhlig, stèidhichte air dualchas nàdair is cultarail na Pàirce Nàiseanta, ag amas air diofar ìrean de chomas Gàidhlig, sa choimhearsnachd san fharsaingeachd.

iii. A' cur deagh ìomhaigh air adhart airson na Gàidhlig

- Cleachd aontaidhean chom-pàirtichean agus dòighean tabhartais eile le Com-pàirteachas Gnìomhachais a' Mhonaidh Ruaidh, Growbiz, Countryside Learning Scotland agus eile gus dèanamh cinnteach gu bheil a' Ghàidhlig ga cleachdadh ann an obair gus co-obrachadh gnìomhachais a bhrosnachadh agus ann an leasachadh sgilean uaine is dùthchail.



- Glèidh, àrdaich agus cuir air adhart Gàidhlig is dualchas cultarail Gàidhealach sgìre Ùghdarras na Pàirce airson buannachd luchd-còmhnaidh agus luchd-tadhail.

Amas 1 - a' Cur ri cleachdadh na Gàidhlig:

Prìomhachas Ro-innleachdail:

Gus barrachd dhaoine a bhrosnachadh agus a chomasachadh ann am Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh gus Gàidhlig a chleachdadh nas trice agus ann an raon nas fharsainghe de shuidheachaidhean.

Tha sinn a' tuigsinn gu bheil na rudan a leanas a' toirt buaidh air an inbhe a th' aig cànan: an cleachdadh aige san àrainneachd làitheil, an ìre 's gu bheil an cànan air a mheas cudromach agus air fhaicinn a bhith air a mheas cudromach leis na buidhnean sin aig a bheil pàirt cudromach nar beatha làitheil. Tha Ùghdarras na Pàirce a' tuigsinn nach e a-mhàin an àireamh dhaoine aig a bheil Gàidhlig a chur am meud a tha a dhìth gus a' Ghàidhlig a dhèanamh seasmhach san àm ri teachd, ach gum feumar cleachdadh a' chànain a chur am meud cuideachd. Tha sinn a' tuigsinn cho cudromach 's a tha e comas a thoirt do bharrachd daoine Gàidhlig a chleachdadh mar an dòigh conaltraidh as fheàrr leotha agus mar an dòigh conaltraidh àbhaisteach a th' aca ann am farsaingeachd de ghnìomhan làitheil.

Suidheachadh làithreach:

A rèir cunntas-sluaigh 2011, 's urrainn do 657 duine a tha trì bliadhna a dh'aois no nas sine a tha a' fuireach anns a' Phàirc Nàiseanta Gàidhlig a bhruidhinn, a leughadh agus/no a thuigsinn, a' mhòr-chuid aca a' fuireach ann am Bàideanach agus Srath Spè.

Bidh sinn ag obrachadh leis na còig ùghdarrasan ionadail ann am Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh: (Siorrachd Obair Dheathain, Aonghas, Comhairle na Gàidhealtachd, Moireibh agus Peairt is



Cheann Rois) gus dòighean a chomharrachadh anns an urrainn dhan treas eagraan den Phlana Ghàidhlig againn cur ri prìomhachasan aig com-pàirteachasan planaidh coimhearsnachd, aontaidhean buil singilte agus anns na planaichean Gàidhlig aca fhèin. Tron phrògram againn Badenoch: The Storylands tha sinn air a' Ghàidhlig agus a cultar a chomharrachadh, a' gabhail a-steach an t-sreath thionnsgalaich ùir [Storylands Sessions](#). Faic [na h-Aithisgean Adhartais againn air a' Phlana Ghàidhlig](#) airson barrachd fiosrachaidh.

Gnìomhan / clàr-ama:

a) Obraich ann an com-pàirteachas le ùghdarrasan ionadail agus buidhnean eile ann an sgìre na Pàirce Nàiseanta gus barrachd chothroman a thoirt do dhaoine òga gus a' Ghàidhlig a chleachdadh.

Aon ghoireas air a chruthachadh gach bliadhna den phlana seo, far a bheil feumalachdan sònraichte air an comharrachadh le com-pàirtichean agus /no le Ùghdarras na Pàirce

b) Brosnaich luchd-obrach agus luchd-tadhail gus pàirt a ghabhail ann an iomairt Cleachdi

Brosnaich an iomairt gu sònraichte gach bliadhna ann an co-cheangail ri Seachdain na Gàidhlig

c) Dèan cinnteach gu bheil freagairtean no fianais sam bith bho Ùghdarras na Pàirce ann an co-chomhairlean mu ath-leasachadh an fearainn a' gabhail a-steach iomraidhean air cleachdadh na Gàidhlig.

Bheir freagairt Ùghdarras na Pàirce iomraidhean air cleachdadh na Gàidhlig nuair a thèid co-chomhairle a chumail air Bile Ath-leasachadh an Fhearainn, agus ann an co-chomhairle iomchaidh sam bith eile às dèidh 2025

d) Obraich còmhla ri iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean gus [sreath de sgrùdaidhean cùise agus goireasan](#) a bhrosnachadh airson buidhnean com-pàirteachais, gnìomhachasan ionadail agus



buidhnean foghlaim a chleachdas iad agus às am faigh iad buannachd.

Ceangal ann ri goireasan a tha mar phàirt de làrach-lìn ùir na Pàirce Nàiseanta, nithear brosnachadh gach bliadhna, agus nuair a thèid goireasan ùra a chruthachadh.

e) Maoineachadh a sholarachadh, tro eadar-obrachadh le Urras a' Mhonaidh Ruaidh, do phròiseactan a tha a' toirt taic do dhualchas cultarach na Gàidhlig agus/no ag oideachadh no a' togail sgilean a dh'ionnsaigh glèidheadh agus leasachadh dualchas na Gàidhlig. Cuairtean maoineachaidh cunbhalach tro bheatha còig bliadhna a' phlana

f) A' Ghàidhlig a thoirt a-steach do na factaran maoineachaidh airson sgeama tabhartais gnàth-shìde, a tha air a stiùireadh leis a' choimhearsnachd, mar phàirt de Mhonaidh Ruaidh 2030.

Bidh na dearbh shuimeannan a thèid a thoirt seachad diofraichte oir is e sgeama co-dhealbhaichte a tha seo, ach bidh a' Ghàidhlig air a gabhail a-steach mar shlat-tomhais ion-mhiannaichte san sgeama mu dheireadh. Maoineachadh gu bhith ann bho dheireadh 2024 / tràth ann an 2025

Amas 2 - a' toirt fàs air ionnsachadh na Gàidhlig:

Prìomhachas Ro-innleachdail:

Gus obrachadh còmhla ri prìomh chom-pàirtichean agus solaraichean gus ionnsachadh na Gàidhlig a leudachadh thar nan còig sgìrean ùghdarras ionadail uile ann am Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh.

Tha sinn a' gabhail ris ma tha a' Ghàidhlig gu bhith seasmhach san àm ri teachd gum feumar àrdachadh a thoirt air an àireamh dhaoine as urrainn an cànan a bhruidhinn. Tha sinn cuideachd mothachail air cho cudromach 's a tha foghlam, trèanadh agus ionnsachadh fad-beatha gus an t-amas seo a choileanadh agus – ged nach eil smachd dìreach aig Ùghdarras na Pàirce air a' mhòr-chuid de



lìbhrigeadh foghlaim taobh a-staigh na Pàirce Nàiseanta – tha sinn dealasach a thaobh a bhith ag obair le com-pàirtichean san roinn phoblaich, san roinn phrìobhaidich agus san treas roinn gus ar pàirt a chluich.

Suidheachadh làithreach: Tha foghlam bun-sgoile, àrd-sgoile agus treas-ìre taobh a-muigh raon-ùghdarras Ùghdarras na Pàirce; ach, is urrainn dhuinn taic a chumail ri foghlam tro raon de phrògraman agus thachartasan com-pàirteachaidh poblach, a bharrachd air a bhith a' cruthachadh ghoireasan agus stuthan far a bheil feum air seo. Faic [na h-Aithisgean Adhartais air a' Phlana Ghàidhlig againn](#) airson barrachd fiosrachaidh.

Gnìomhan / clàr-ama:

a) Cuir ris na goireasan foghlaim Gàidhlig a th' ann mar-thà.

Cruthaich a h-uile goireas foghlaim ùr aig Ùghdarras na Pàirce an dà chuid ann an Gàidhlig agus Beurla.

Lèirmheas de ghoireasan làithreach gu bhith air a dhèanamh ro dheireadh 2024, prògram de dh'ùrachaidhean / cruthachadh stuthan ùra bho 2025 (trì air an cruthachadh thairis air beatha a' phlana)

b) Cruthaich goireasan Gàidhlig, stèidhichte air dualchas nàdair is cultarail na Pàirce Nàiseanta, ag amas air diofar ìrean de chomas Gàidhlig, sa choimhearsnachd san fharsaingeachd.

Trì goireasan Gàidhlig air an cruthachadh thairis air beatha a' phlana

c) Thoir seachad trèanadh ann an Gàidhlig agus a cultar do riochdairean coimhearsnachd taobh a-staigh na Pàirce Nàiseanta.

Trèanadh cànan is cultair gu bhith air a thabhann gu leth-bhliadhna mar phàirt den lìonra dualchas cultarail bho 2025.

d) Figh eileamaidean Gàidhlig a-steach dhan obair brosnachaidh airson prìomh thachartasan agus ghnìomhachdan na Pàirce Nàiseanta.

Gàidhlig gu bhith mar phàirt den prògram de thachartasan



roadshow coimhearsnachd air an lìbhrigeadh le Cairngorms 2030 – eadar 10 agus 15 dhiubh sa bhliadhna

e) Thoir a' Ghàidhlig a-steach do ghoireasan a chuidicheas gus èiginn an nàdair agus na gnàth-shìde a mhìneachadh mar phàirt de phròiseact ionnsachaidh agus foghlaim gnàth-shìde a' Mhonadh Ruaidh 2030.

Goireas sònraichte gu bhith ann, a' gabhail a-steach na Gàidhlig ro dheireadh 2025

f) Obraich ann an com-pàirteachas le sgioba foghlaim Ùghdarras Pàirc Nàiseanta Loch Laomainn agus nan Tròisichean gus leantainn air adhart a' brosnachadh goireas [Literary Landscapes](#) air-loidhne.

An goireas gu bhith air a ghluasad gu làrach-lìn ùr na Pàirce Nàiseanta agus gu bhith air ùrachadh ann an 2025/26

g) Obraich còmhla ri Buidheann Ionnsachadh air a' Bhlàr a-muigh aig Riaghaltas na h-Alba (SGOLG - *Scottish Government Outdoor Learning Group*) gus toraidhean a tha sònraichte dhan Ghàidhlig a chruthachadh.

Aon toradh a bhuineas dhan Ghàidhlig rè còig bliadhnaichean a' phlana

h) Dèan conaltradh le buidhnean foghlaim Gàidhlig a tha ag obair sa Phàirc Nàiseanta agus cùm taic ri lìonra nas fharsainghe de luchd-cleachdaidh tron lìonra dualchais chultarail ùr againn.

Conaltradh tòiseachail gu bhith air a dhèanamh sa chiad bhliadhna den phlana seo, lìonra dualchas cultarach gu bhith air a chruthachadh ann an 2025-26.

i) Brosnaich na goireasan Duais Iain Muir againn tro Bhun-sgoil Bhaile Ùr an t-Slèibh agus sgoiltean eile aig a bheil ùidh.

Duais Iain Muir Ghàidhlig ath-dhealbhaichte gu bhith air a cur air bhog ann an 2025



Amas 3 - A' cur deagh ìomhaigh air adhart airson na Gàidhlig

Prìomhachas Ro-innleachdail:

Ìomhaigh fhàbharach a bhrosnachadh dhan Ghàidhlig air feadh Pàirce Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh agus com-pàirtichean a bhrosnachadh gus an aon rud a dhèanamh.

Tha a bhith a' brosnachadh ìomhaigh fhàbharach dhan Ghàidhlig ro-chudromach airson a bhith a' cur ri inbhe agus tarraing na Gàidhlig an dà chuid ann an Alba agus thall thairis; rud air an deach cuideam a chur ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig.. Nì sinn cinnteach gu bheilear a' cur luach air a' Ghàidhlig agus gu bheilear ag aithneachadh na tha i a' cur ri beatha shòisealta, chultarail agus eaconamach na Pàirce Nàiseanta (agus na dùthcha gu lèir), an dà chuid taobh a-staigh toraidhean Ùghdarras na Pàirce agus ann an toraidhean ar com-pàirtichean.

Tha sineirgidhean soilleir an seo le amasan 1 agus 2 a thaobh a bhith a' cur ri cleachdadh agus ionnsachadh na Gàidhlig, ach tha sinn mothachail gu bheil àite sònraichte aig Ùghdarras na Pàirce agus a chom-pàirtichean ann a bhith a' comharrachadh na Gàidhlig agus a cultar is dualchas agus a bhith a' togail mothachadh am measg luchd-còmhnaidh, luchd-tadhail agus luchd-ùidh eile ann an co-theacs a' Mhonaidh Ruaidh.

Suidheachadh làithreach: Bidh Ùghdarras na Pàirce a' brosnachadh ìomhaigh fhàbharach dhan Ghàidhlig tro shreath de ghoireasan sònraichte air an làraich-lìn againn (a' gabhail a-steach goireas eadar-ghnìomhach [Slighe na Camanachd](#) eadar-ghnìomhach agus [Inneal](#)

[Eadar-mhìneachadh Dualchais](#)), foillseachaidhean leithid bileag nan [Ainmean-àite Gàidhlig](#) againn, agus susbaint Ghàidhlig chunbhalach air na meadhanan sòisealta againn.

Bidh sinn cuideachd a' tabhann trèanadh Gàidhlig do luchd-obrach



gach dà bhliadhna agus tha sinn air goireas le teirmean is abairtean cudromach a chruthachadh airson maoir-dùthcha air feadh na Pàirce Nàiseanta as urrainn dhaibh cleachdadh mar phàirt den obair làitheil aca. Bidh sinn a' brosnachadh chom-pàirtichean gus cothrom a ghabhail air na goireasan a th' ann mar-thà agus taic a thoirt dhaibh gus na goireasan aca fhèin a chruthachadh. Faic [na h-Aithisgean Adhartais air a' Phlana Ghàidhlig againn](#) airson barrachd fiosrachaidh.

Gnìomhan / clàr-ama:

a) Aontaidhean com-pàirteachais agus dòighean tabhartais eile a chleachdadh le prìomh chom-pàirtichean gus dèanamh cinnteach gu bheil a' Ghàidhlig ga cleachdadh ann an obair gus co-obrachadh gnìomhachais a bhrosnachadh agus ann an leasachadh sgilean uaine is dùthchail.

Aontaidhean com-pàirteachais agus duaisean tabhartais air an ùrachadh gach bliadhna / gach sia mìosan, a rèir aithris chom-pàirtichean; Gàidhlig gu bhith air a cur ris mar nì àbhaisteach taobh a-staigh teamplaidean thabhartasan, le riathanasan soilleir air an stèidheachadh stèidhichte air ìre maoineachaidh, amasan agus builean

b) Glèidh, àrdaich agus cur air adhart Gàidhlig is dualchas cultarail na Pàirce airson buannachd luchd-còmhnaidh agus luchd-tadhail.

Prògram bliadhnail de ghnìomhachd conaltraidh is com-pàirteachaidh gu bhith ann le adhartas air aithris do Bhòrd na Gàidhlig gach bliadhna. Fòcas sònraichte air dualchas cultarail anns na goireasan, a' gabhail a-steach a bhith a' cruthachadh slighe / clàr-siubhail ùr mu ainmean-àite Gàidhlig ro 2025 agus pròiseact gus an t-eòlas beatha aig daoine a tha air a bhith sa coimhearsnachd bho chionn fhada a ghlacadh

c) Obraich còmhla ri Bòrd na Gàidhlig agus com-pàirtichean iomchaidh eile (m.e. Alba Chruthachail) gus ealain is cultar na Gàidhlig fhisge a-steach dhan phròiseact ealain is cultair



coimhearsnachd mar phàirt de Cairngorms 2030.

Bidh am pròiseact air a stiùireadh leis an luchd-ealain fhèin ach bidh sinn a' dol an sàs le luchd-cruthachail na Gàidhlig sa phròiseas seo agus a' coimhead air dleastanas ealain coimhearsnachd mar phàirt den phròiseact. Cruthaich co-dhiù aon ghoireas Gàidhlig mar phàirt den phrògram còig bliadhna

d) Dèan cinnteach gun lean na pròiseactan com-pàirteachais againn orra a' comharrachadh na Gàidhlig agus a cultar taobh a-staigh co-theacs a' Mhonaidh Ruaidh, m.e Badenoch: The Storylands, Cairngorms 2030 is mar sin air adhart.

Prògram bliadhnail de ghnìomhachd conaltraidh is com-pàirteachaidh gu bhith ann le adhartas air aithris do Bhòrd na Gàidhlig gach bliadhna. Cruthaich co-dhiù aon ghoireas Gàidhlig ùr thairis air a' phrògram còig bliadhna

e) Obraich còmhla ri VisitScotland agus com-pàirtichean gus an Ro-innleachd Turasachd Ghàidhlig ùr a lìbhrigeadh, gu sònraichte a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil a' Ghàidhlig na pàirt riatanach de thairgse turasachd na h-Alba.

Chaidh Ro-innleachd turasachd Gàidhlig ùr fhoillseachadh sa Ghearran 2024. Bidh builean ri lìbhrigidh a thaobh na Gàidhlig mar phàirt de dh'aonta tabhartais leis a' chom-pàirtiche margaidheachd cinn-uidhe, Com-pàirteachas Gnìomhachais a' Mhonaidh Ruaidh. A' Ghàidhlig gu bhith na pàirt de gach iomairt **margaidheachd chom-pàirtichean**

f) Bidh Ùghdarras na Pàirce a' cleachdadh agus a' co-roinn dàta rannsachaidh margaidh iomchaidh gus cur ri mothachadh air an luach a tha luchd-tadhail a' cur air cànan is dualchas na Gàidhlig taobh a-staigh na Pàirce Nàiseanta, m.e. tro ar lìonra de 200+ luchd-glèidhidh cùmhnant-brann.

Cuairt-litrichean gach sia mìosan gu luchd-glèidhidh cùmhnant-brann; toraidhean rannsachaidh ùra air an co-roinn nuair a bhios



iad rim faighinn, a' gabhail a-steach bho chom-pàirtichean leithid
Àrainneachd Eachdraidheil Alba agus VisitScotland

3.2 Amasan seirbheisean corporra

A bharrachd air na seachd prìomhachasan ro-innleachdail, shuidhich am Bòrd na h-amasan seirbheis corporra a leanas airson Ùghdarras na Pàirce:

iv. Inbhe

- Suaicheantas agus branndadh - amas an suaicheantas corporra agus am branndadh a thoirt seachad an dà chuid ann an Gàidhlig agus Beurla aig a' chiad chothrom agus mar phàirt de phròiseas ùrachaidh sam bith. Bu chòir dhan t-suaicheantas an aon ìre follaiseachd a thoirt dhan dà chànan.
- Bidh soidhnichean a' gabhail a-steach Gàidhlig agus Beurla mar phàirt de phròiseas ùrachaidh sam bith.

v. Conaltradh leis a' phoball

- Brosnachadh - teachdaireachdan brosnachail agus cunbhalach gu bheilear daonnan a' cur fàilte air conaltradh bhon phoball anns a' Ghàidhlig.
- Conaltradh sgrìobhte - fàilte ga chur air conaltradh sgrìobhte sa Ghàidhlig (post, post-d agus meadhanan sòisealta) daonnan agus bidh freagairt ann sa Ghàidhlig, a rèir poileasaidh àbhaisteach na buidhne.
- Fàilteachas is fòn – far a bheil luchd-obrach le Gàidhlig ann airson seo a thoirt seachad, gheibh iad taic gus seo a dhèanamh agus thèid sanasachd a dhèanamh air an t-seirbheis dhan phoball. Mura h-eil luchd-obrach ann gus an t-seirbheis seo a lìbhrigeadh, thèid comas a thogail tro thrèanadh agus fastadh.
- Coinneamhan poblach – tha cothroman gus coinneamhan poblach a chumail gu dà-chànanach no sa Ghàidhlig gan sireadh agus gam brosnachadh gu cunbhalach. Ann an àiteachan far a bheil an àireamh sa cheud no an àireamhan de luchd-labhairt na Gàidhlig nas àirde, bithear a' sùileachadh gun obraichear a dh'ionnsaigh seo mar nì àbhaisteach.

vi. Fiosrachadh



- Fiosan naidheachd – bithear a’ cuairteachadh fhiosan naidheachd àrd-inbhe agus a h-uile fios naidheachd co-cheangailte ri Gàidhlig an dà chuid sa Ghàidhlig agus sa Bheurla.
- Meadhanan sòisealta - tha susbaint Ghàidhlig air a sgaoileadh gu cunbhalach tro na meadhanan sòisealta, ag obair a dh'ionnsaigh meadhanan sòisealta a tha gu tur dà-chànanach.
- Làrach-lìn – bu chòir susbaint a bhith ri fhaighinn air làrach-lìn Ùghdarras na Pàirce, le cuideam air na duilleagan a dh'fhaodadh an àireamh as motha de dhaoine fhaicinn; ag obair a dh'ionnsaigh làrach-lìn gu tur dà-chànanach Ann an àiteachan far a bheil an àireamh sa cheud no an àireamhan de luchd-labhairt na Gàidhlig nas àirde sa choimhearsnachd, bithear a’ sùileachadh gun obraichear a dh'ionnsaigh seo mar nì àbhaisteach.
- Foillseachaidhean Corporra - air an dèanamh ann an Gàidhlig is Beurla, le prìomhachas air an fheadhainn a dh'fhaodadh a bhith air an leughadh leis an àireimh as motha de dhaoine agus a bheir a’ bhuidheas as motha.
- Cànan - tha pròiseas an sàs gus dèanamh cinnteach gu bheil càileachd agus ruigsinneachd na Gàidhlig anns an fhiosrachadh corporra aig ìre àrd.
- Taisbeanaidhean - bu chòir coimhead air cothroman gus taisbeanaidhean poblach a lìbhrigeadh gu dà-chànanach no sa Ghàidhlig gu cunbhalach, le prìomhachas air a thoirt dhan fheadhainn leis a’ bhuidheas as motha.

vii. Luchd-obrach

- Sgrùdadh taobh a-staigh na buidhne - dèan sgrùdadh de sgilean agus feumalachdan trèanaidh Gàidhlig taobh a-staigh na buidhne rè beatha gach eagan den phlana.
- Inntreigeadh - bidh fios mu phlana Ghàidhlig Ùghdarras na Pàirce agus mu chothroman trèanaidh Gàidhlig air a leabachadh anns an inntreigeadh aig luchd-obrach ùra uile
- Trèanadh cànan - tha trèanadh is leasachadh ann an sgilean Gàidhlig gu bhith air a lìbhrigeadh dhan luchd-obrach, gu sònraichte a thaobh a bhith a’ cur an gnìomh plana Gàidhlig Ùghdarras na Pàirce.
- A’ Cleachdadh na Gàidhlig - tha luchd-obrach air am brosnachadh gus Gàidhlig a chleachdadh nan cuid obrach far an gabh sin dèanamh..



- Trèanadh mothachaidh - tha trèanadh mothachaidh Gàidhlig ga lìbhrigeadh, le prìomhachas ga thoirt do dh'àrd luchd-obrach, prìomh dhaoine eile a nì co-dhùnaidhean agus luchd-obrach a tha a' dèiligeadh gu dìreach leis a' phoball.
- Fastadh - tha sgilean Gàidhlig air an aithneachadh agus air am meas anns a' phròiseas fastaidh air feadh Ùghdarras na Pàirce A' Ghàidhlig air a h-ainmeachadh mar sgil riatanach agus/no buannachdail ann an dealbhan-obrach gus am Plana Gàidhlig a lìbhrigeadh agus a rèir stiùireadh fastaidh Bhòrd na Gàidhlig. Sanasan-obrach dà-chànanach no sa Ghàidhlig a-mhàin airson dreuchdan far a bheil Gàidhlig ainmichte mar sgil riatanach.

viii. Corpas na Gàidhlig

- Ghnàthachas Litreachaidh na Gàidhlig - thèid an tionndadh as ùire de Ghnàthachas Litreachaidh na Gàidhlig a leantainn anns gach nì sgrìobhte a nì Ùghdarras na Pàirce..
- Ainmean-àite - bithear a' sireadh is a' leantainn comhairle air ainmean-àite Gàidhlig bho Ainmean-Àite na h-Alba.

Amas 4 - inbhe

Buil a thathar ag iarraidh:

Bu chòir do bhrannndadh uile na Pàirce Nàiseanta a bhith a' gabhail a-steach an dà chuid Gàidhlig agus Beurla agus a bhith a' toirt follaiseachd cho-ionann dhan dà chànan.

Suidheachadh làithreach:

Chaidh an sreath de bhrannndan na Pàirce Nàiseanta ùrachadh ann an 2023, le follaiseachd cho-ionann aig a' Ghàidhlig agus a' Bheurla airson a' chiad uair (faic td 25 den [stiùiridhean brannd](#) againn). Mar phàirt den phròiseas seo chaidh suaicheantas dà-chànanach ùra a chruthachadh airson Ùghdarras na Pàirce, VisitCairngorms (air a ruith le Com-pàirteachas Gnìomhachais a' Mhonaidh Ruaidh) agus Fèis Nàdair a' Mhonaidh Ruaidh. Chaidh pròiseas a chur an gnìomh cuideachd airson Ùghdarras na Pàirce agus a chom-pàirtichean gus dearbh-aithnean brannd ùra a chruthachadh, a bhios daonnan a' gabhail a-steach na



Gàidhlig (faic td 39 den stiùireadh).

Gnìomhan / clàr-ama:

a) Cuir cruth air an t-suaicheantas corporra agus air a' bhrannadh an dà chuid ann an Gàidhlig agus Beurla aig a' chiad chothrom agus mar phàirt de phròiseas ùrachaidh sam bith. Bu chòir dhan t-suaicheantas an aon ìre follaiseachd a thoirt dhan dà chànan.

Bidh an suaicheantas a' nochdadh follaiseachd cho-ionann dhan dà chànan agus nì gach dearbh-aithne brannd ùr a thèid a chruthachadh le no do dh'Ùghdarras na Pàirce an aon rud – faic am pròiseas air a mhìneachadh anns [an stiùireadh brannd ùr](#) againn, a' gabhail a-steach comhairle do chom-pàirtichean agus luchd-gleidhidh cùmhnant-brannd

b) Bidh soidhnichean agus eadar-mhìneachadh a' gabhail a-steach Gàidhlig agus Beurla mar phàirt de phròiseas ùrachaidh sam bith.

Tha seo mar chleachdadh àbhaisteach airson stuthan uile Ùghdarras na Pàirce, agus tha comhairle ga tabhainn do chom-pàirtichean agus luchd-ùidh eile, m.e. buidhnean coimhearsnachd. Susbaint Ghàidhlig gu bhith mar phàirt de shoidhnichean a bharrachd air a bhith a' cleachdadh an t-suaicheantais dhà-chànanaich

Amas 5 - Conaltradh leis a' phoball

Buil a thathar ag iarraidh:

Bu chòir conaltradh Gàidhlig (sgrìobhte, aghaidh-ri-aghaidh, air-loidhne agus air a' fòn) a bhith air a bhrosnachadh le Ùghdarras na Pàirce.

Suidheachadh làithreach:

Ged nach eil ach beagan daoine aig a bheil Gàidhlig thairis air an luchd-obrach is bòrd againn, tha pròiseasan soilleir ann dhan phoball gus fios a chur thugainn sa Ghàidhlig agus gus an urrainn do dh'Ùghdarras na Pàirce freagairt ann an deagh àm (a'



cleachdadh seirbheisean eadar-theangachaidh earbsach). Chaidh Gàidhlig a chur air prìomh dhuilleagan làrach-lìn na Pàirce Nàiseanta agus thèid prìomhachas a bharrachd a chur air seo mar phàirt de phròiseas ath-leasachadh na làraich-lìn againn ann an 2024/25.

Gnìomhan / clàr-ama:

a) Brosnachadh - teachdaireachdan brosnachail agus cunbhalach gu bheilear daonnan a' cur fàilte air conaltradh bhon phoball anns a' Ghàidhlig.

Tha pròiseasan an gnìomh gus dèiligeadh ri ceistean Gàidhlig tro litir, post-d, fòn no aghaidh-ri-aghaidh. Thèid duilleag-dachaigh Ghàidhlig a chruthachadh mar phàirt de phròiseas ath-dhealbhadh na làraich-lìn ùir a bharrachd air eadar-theangachadh air prìomh earrainnean, le co-dhiù dà dhuilleag gu bhith air an eadar-theangachadh dhan Ghàidhlig gach bliadhna thairis air còig bliadhna a' phlana seo.

b) fàilte ga chur air conaltradh sgrìobhte sa Ghàidhlig (post, post-d agus meadhanan sòisealta) daonnan agus bidh freagairt ann sa Ghàidhlig, a rèir poileasaidh àbhaisteach na buidhne.

Mar a chaidh a chur an cèill gu h-àrd

c) Fàilteachas is fòn - far a bheil luchd-obrach le Gàidhlig ann airson seo a thoirt seachad, gheibh iad taic airson seo a dhèanamh agus thèid sanasachd a dhèanamh air an t-seirbheis dhan phoball. Mura h-eil luchd-obrach ann gus an t-seirbheis seo a lìbhrigeadh, thèid comas a thogail tro thrèanadh agus fastadh. Mar gu h-àrd. Chan eil mòran luchd-obrach ann aig a bheil Gàidhlig aig an àm seo ach tha pròiseasan ann (tro sheirbheisean eadar-theangachaidh earbsach) agus tha trèanadh Gàidhlig air a thoirt seachad gu leantainneach

d) Coinneamhan poblach – thathar gu tric a' rannsachadh agus a' brosnachadh chothroman gus coinneamhan poblach a chumail san dà chànan no sa Ghàidhlig. Ann an àiteachan far a bheil an



àireamh sa cheud no an àireamhan de luchd-labhairt na Gàidhlig nas àirde, bithear a' sùileachadh gun obraichear a dh'ionnsaigh seo mar nì àbhaisteach.

Tha fàilte Ghàidhlig mar phàirt de phrìomh thachartasan poblach, le roghainn eadar-theangachadh Gàidhlig a bhith ann airson coinneamhan bùird is planaidh

Amas 6 - fiosrachadh

Buil a thathar ag iarraidh:

Tha a' Ghàidhlig na pàirt de phrìomh thoraidhean conaltraidh Ùghdarras na Pàirce, bho fhiosan naidheachd gu susbaint làrach-lìn agus meadhanan sòisealta, foillseachaidhean agus prìomh thachartasan / thaisbeanaidhean.

Suidheachadh làithreach:

Thèid a h-uile fios naidheachd co-cheangailte ris a' Ghàidhlig a chur a-mach an dà chuid ann an Gàidhlig agus Beurla, cho math ri fiosan naidheachd àrd-lomhaigh a tha buntainneach dhan Ghàidhlig. Thèid susbaint sna meadhanan sòisealta, air an làrach-lìn agus stuth clò-bhuailte a dhèanamh le eileamaidean Gàidhlig gu cunbhalach. Faic [na h-Aithisgean Adhartais againn air a' Phlana Ghàidhlig](#) airson barrachd fiosrachaidh.

Gnìomhan / clàr-ama:

a) Fiosan naidheachd - bithear a' cuairteachadh fhiosan naidheachd àrd-inbhe agus a h-uile fios naidheachd co-cheangailte ri Gàidhlig an dà chuid sa Ghàidhlig agus sa Bheurla.

Thèid a h-uile fios naidheachd co-cheangailte ris a' Ghàidhlig a chur a-mach an dà chuid ann an Gàidhlig agus Beurla, cho math ri fiosan naidheachd àrd-lomhaigh a tha buntainneach dhan Ghàidhlig. Thèid Gàidhlig a chur air dà fhios naidheachd choitcheann (nach eil gu sònraichte mun Ghàidhlig) gach bliadhna.

b) Meadhanan sòisealta - tha susbaint Ghàidhlig air a sgaoileadh



gu cunbhalach tro na meadhanan sòisealta, ag obair a dh'ionnsaigh meadhanan sòisealta a tha gu tur dà-chànanach.

A' Ghàidhlig gu bhith mar phàirt de shusbaint air na meadhanan sòisealta gu cunbhalach (co-dhiù gach mìos)

c) Làrach-lìn – bu chòir susbaint a bhith ri fhaighinn air làrach-lìn Ùghdarras na Pàirce, le cuideam air na duilleagan a dh'fhaodadh an àireamh as motha de dhaoine fhaicinn; ag obair a dh'ionnsaigh làrach-lìn gu tur dà-chànanach Ann an àiteachan far a bheil an àireamh sa cheud no an àireamhan de luchd-labhairt na Gàidhlig nas àirde sa choimhearsnachd, bithear a' sùileachadh gun obraichear a dh'ionnsaigh seo mar nì àbhaisteach.

Thèid Gàidhlig a chur air prìomh dhuilleagan air làrach-lìn làithreach na Pàirce Nàiseanta; thèid barrachd obrach a dhèanamh an 2024/25 mar phàirt de phròiseact ath-leasachaidh na làraich-lìn againn

d) Foillseachaidhean corporra – air an dèanamh ann an Gàidhlig is Beurla, le prìomhachas air an fheadhainn a dh'fhaodadh a bhith air an leughadh leis an àireimh as motha de dhaoine agus a bheir a' bhuidheas as motha.

Thèid Gàidhlig a chur air na faclan-toisich aig gach foillseachadh, le làn eadar-theangachadh ri fhaotainn airson gach foillseachaidh ma thèid sin iarraidh. Tha an treas eagraan den Phlana Ghàidhlig an dà chuid ann am Beurla agus Gàidhlig

e) Cànan - tha pròiseas an sàs gus dèanamh cinnteach gu bheil càileachd agus ruigsinneachd na Gàidhlig anns an fhiosrachadh chorporra aig ìre àrd.

Pròiseas soilleir an sàs tro sgioba Conaltraidh Ùghdarras na Pàirce, a' cleachdadh seirbheisean eadar-theangachaidh Gàidhlig earbsach

f) Taisbeanaidhean – bu chòir coimhead air cothroman gus taisbeanaidhean poblach a lìbhrigeadh gu dà-chànanach no sa Ghàidhlig gu cunbhalach, le prìomhachas ga thoirt dhan fheadhainn aig am biodh a' bhuidheas a bu motha.



Cha bhi Ùghdarras na Pàirce a' cur mòran thaisbeanaidhean poblach air dòigh gu dìreach; ach, nuair a nì sinn sin tha sinn a' gealltainn gun coimhead sin air mar a chleachdadh a' Gàidhlig gu h-ìomchaidh.

Amas 7 - luchd-obrach

Buil a thathar ag iarraidh:

Bidh a' Ghàidhlig air a leabachadh aig diofar ìrean den phròiseas fastaidh, inntrigidh agus leasachadh proifeiseanta, le sgrùdadh bliadhnail air sgilean luchd-obrach a' tachartas gus comasan Gàidhlig taobh an luchd-obrach a thomhas.

Suidheachadh làithreach:

Tha Gàidhlig na pàirt den t-suirbhidh bhliadhnail air sgilean luchd-obrach againn agus thathar ag aithris air seo tro [aithisgean adhartais bliadhnail air a' Phlana Ghàidhlig](#). Tha pròiseasan an sàs gus Gàidhlig fhighe a-steach do dhiofar thaobhan de phròiseasan fastaidh, inntrigidh agus leasachaidh phroifeiseanta.

Gnìomhan / clàr-ama:

a) Sgrùdadh taobh a-staigh na buidhne - dèan sgrùdadh de sgilean agus feumalachdan trèanaidh Gàidhlig taobh a-staigh na buidhne rè beatha gach eagraan den phlana.

Sgrùdadh air a dhèanamh gach bliadhna agus air aithris mar phàirt de [dh'aithisgean adhartais air a' Phlana Ghàidhlig againn](#).

Cruinnichidh sgrùdaidhean san àm ri teachd fiosrachadh mu iarrtas an luchd-obrach airson trèanadh sgilean Gàidhlig

b) Inntrigeadh – tha fios mun treas eagraan de Phlana Ghàidhlig Ùghdarras na Pàirce agus mu chothroman trèanaidh air am fighe a-steach ann an inntrigeadh do luchd-obrach ùr.

Trèanadh mothachaidh Gàidhlig na phàirt de phròiseas inntrigidh an luchd-obrach



c) Trèanadh cànan - tha trèanadh is leasachadh ann an sgilean Gàidhlig gu bhith air an lìbhrigeadh dhan luchd-obrach, gu sònraichte a thaobh a bhith a' cur an gnìomh plana Gàidhlig Ùghdarras na Pàirce.

Trèanadh sa Ghàidhlig agus a dualchas cultarach gu bhith ga thoirt dhan luchd-obrach gach dà bhliadhna – chaidh a dhèanamh le 40 luchd-obrach ann an R4 de 2023. Trèanadh air a dhealbh gus togail air na chaidh ionnsachadh bho na seiseanan mu dheireadh.

d) Trèanadh mothachaidh - tha trèanadh mothachaidh Gàidhlig ga lìbhrigeadh, le prìomhachas ga thoirt do dh'àrd luchd-obrach, prìomh dhaoine eile a nì co-dhùnaidhean agus luchd-obrach a tha a' dèiligeadh gu dìreach leis a' phoball.

Mar a chaidh a chur an cèill gu h-àrd - thèid coimhead air eileamaidean a thaobh cànan agus dualchas cultaran san aon phasgan trèanaidh

e) Cleachdadh na Gàidhlig – thathar a' brosnachadh luchd-obrach gus a' Ghàidhlig a chleachdadh nan cuid obrach far an gabh sin dèanamh.

Taic air a thabhann leis an sgioba Conaltraidh gus cothrom fhaighinn air seirbheisean eadar-theangachaidh proifeiseanta sa Ghàidhlig, agus treòrachadh sìmplidh a bhith rim faighinn, m.e. do sgioba nam maor a' gabhail a-steach prìomh fhaclan is abairtean. Trèanadh Gàidhlig gu bhith a' gabhail a-steach fuaimneachadh a bharrachd air cho cudromach 's a tha an cànan a thaobh cultar is nàdar.

f) Fastadh – tha sgilean Gàidhlig air an aithneachadh agus air thathar a' cur sùim annta anns a' phròiseas fastaidh air feadh Ùghdarras na Pàirce. A' Ghàidhlig air a h-ainmeachadh mar sgil riatanach agus/no buannachdail ann an dealbhan-obrach gus am Plana Gàidhlig a lìbhrigeadh agus a rèir stiùireadh fastaidh Bhòrd na Gàidhlig. Sanasan-obrach dà-chànanach no sa Ghàidhlig a-mhàin airson dreuchdan far a bheil Gàidhlig ainmichte mar sgil riatanach.



Tha Gàidhlig ga chomharrachadh mar sgil riatanach airson prìomh dhreuchdan far a bheil feum air conaltradh leis a' phoball sa Ghàidhlig, agus mar sgil a bhiodh na buannachd anns a h-uile sanas obrach.

Amas 8 - Corpas na Gàidhlig

Buil a thathar ag iarraidh:

Thèid an tionndadh as ùire de Ghnàthachas Litreachadh na Gàidhlig a leantainn anns gach nì sgrìobhte a nì Ùghdarras na Pàirce.

Suidheachadh làithreach:

Pròiseasan stèidhichte an sàs gus dèanamh cinnteach gu bheilear a' cumail ri gnàthasan agus thathar air [bileag Ainmean-àite Gàidhlig](#) a chruthachadh. Bithear a' sireadh agus a' leantainn comhairle bho Ainmean-àite na h-Alba far a bheil sin a dhìth.

Gnìomhan / clàr-ama:

a) Gnàthachas Litreachaidh na Gàidhlig - thèid an tionndadh as ùire de Ghnàthachas Litreachadh na Gàidhlig a leantainn anns gach nì sgrìobhte a nì Ùghdarras na Pàirce.

Mar a chaidh a chur an cèill gu h-àrd

b) Bithear a' sireadh is a' leantainn comhairle air ainmean-àite Gàidhlig bho Ainmean-Àite na h-Alba.

Mar gu h-àrd



4. Ceanglaichean ris an fhrèam-obrach coileanaidh nàiseanta

Tha e na rùn aig Ùghdarras na Pàirce na builean agus amasan ann am Frèam-obrach Riaghaltas na h-Alba a choileanadh. Tha an clàr gu h-ìosal a' comharrachadh mar a chuidicheas na raointean leasachaidh sa Phlana Ghàidhlig againn le a bhith a' lìbhrigeadh nam builean coileanaidh nàiseanta anns an [Fhrèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta](#) ùr a chuir a' Phrìomh Mhinistear air bhog ann an 2018.

- **Clann** - Fàsaidh sinn suas gu sàbhailte le gaol is spèis oirnn gus an coilean sin ar làn chomasan
- **Coimhearsnachdan** - Tha sinn a' fuireach ann an coimhearsnachdan a tha ion-ghabhaltach, cumhachdach, seasmhach is sàbhailte.
- **Cultar** - tha sinn cruthachail agus tha na cultaran beòthail is eadar-mheasgte againn air an cur an cèill, agus a' còrdadh ri daoine, gu farsaing
- **Eaconamaidh** - tha eaconamaidh againn a tha farpaiseach aig ìre an t-saoghail, a tha tionnsgalach, in-ghabhaltach agus seasmhach
- **Foghlam** - Tha deagh fhoghlam is deagh sgilean againn agus tha sinn comasach air cur ris a' chomann-shòisealta
- **Àrainneachd** = Tha sinn a' cur luach agus a' gabhail tlachd nar n-àrainneachd agus tha sinn ga dìon is ga leasachadh



5. Ceanglaichean ri frèamaichean-obrach ionadail agus roinneil

5.1 Prìomhachasan riaghaltais ionadail

Obraichidh sinn leis na còig ùghdarrasan ionadail a tha taobh a-staigh Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh: Siorrachd Obair Dheathain, Aonghas, Comhairle na Gàidhealtachd, Moireibh agus Peairt is Cheann Rois gus dòighean a chomharrachadh anns an urrainn dhan treas eagraan den Phlana Ghàidhlig againn cur ri prìomhachasan aig Com-pàirteachasan Planaidh Coimhearsnachd, Aontaidhean Buil Shingilte agus anns na Planaichean Gàidhlig aca fhèin.

5.2 Prìomhachasan Plana Com-pàirteachais Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh

Tha [Plana Com-pàirteachais Pàirce Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh airson 2022-27](#) a' mìneachadh mar a dh'obraicheas a h-uile duine le uallach airson na Pàirce Nàiseanta còmhla gus dèiligeadh ri cùisean deatamach co-cheangailte ri a daoine, nàdar agus àiteachan agus aig a' cheann thall mar a bheir iad aghaidh air èiginnean gnàth-shìde agus nàdair.

Tha trì earrannan anns a' Phlana Com-pàirteachais – Nàdar, Daoine agus Àite – agus taobh a-staigh earrann nan Daoine tha amas sònraichte (B8) a thaobh na Gàidhlig agus mu ar dleastanas reachdail mar bhuidheann poblach:

- Tha a' Ghàidhlig na pàirt de dhualchas chultarail is nàdarra na Pàirce Nàiseanta agus tha pàirt bheothail aice ri chluich san àm ri teachd. Feumar taic a chumail ri cleachdadh leantainneach na Gàidhlig agus a glèidheadh mar chànan agus cultar gnìomhach taobh a-staigh coimhearsnachdan na Pàirce Nàiseanta.

Amas: Brosnachadh barrachd cleachdadh na Gàidhlig sa Phàirce Nàiseanta

Targaid: Barrachd chothroman do dhaoine fa leth agus do choimhearsnachdan a bhith a' dol an sàs sa Ghàidhlig agus sa chultar aice.



Tha an treas eagraan seo den Phlana Ghàidhlig a' mìneachadh mar a tha sinn fhèin agus na com-pàirtichean an dùil an t-amas seo a choileanadh. Tha e cuideachd a' cur gu mòr ri lìbhrigeadh amasan eile sa Phlana Com-pàirteachais, gu sònraichte:

- [B1 – Àireamh-sluaigh aig aois obrach](#)
- [B2 - Eaconamaidh sunnd](#)
- [B4 – Sgilean agus trèanadh](#)
- [B5 – Stòrasan agus fearann coimhearsnachd](#)
- [B10 - Pàirce do na h-Uile](#)
- [B11 – Obair shaor-thoileach agus ionnsachadh a-muigh](#)
- [C5 – Luchd-tadhail dhan Phàirc Nàiseanta](#)
- [C9 – Àrd-chàileachd turas an neach-tadhail](#)
- [C10 – Dualchas cultarach](#)



6. Foillseachadh, goireasan agus sgrùdadh

6.1 Foillseachadh agus sanasachd a' Phlana Ghàidhlig

Às dèidh co-chomhairleachadh poblach a mhair sia seachdainean, bheachdaich Ùghdarras na Pàirce air 427 beachdan agus molaidhean bho raon de luchd-ùidh agus rinn e na h-atharrachaidhean uile a bha a dhìth mus deach am pàipear deireannach fhoillseachadh (faic an aithisg co-chomhairleachaidh a tha a' dol leis a seo airson barrachd fiosrachaidh)..

Air an taobh a-staigh, chaidh an treas eagraan den Phlana Ghàidhlig againn a thoirt dhan bhòrd againn airson aonta agus bha e ri fhaotainn dhan luchd-obrach agus bha cothrom aca ceistean fhaighneachd mu dheidhinn. Cumaidh sinn oirnn a' foillseachadh [aithisgean adhartais bliadhnail](#) agus a' dèanamh cinnteach gu bheil cothrom aig luchd-obrach agus buill a' bhùird gu lèir cuir riutha – agus gum bi na h-aithisgean ruigsinneach dhaibh uile.

Air an taobh a-muigh, cuiridh sinn fios naidheachd dà-chànanach a-mach ag ainmeachadh a' phlana ùir, ga fhoillseachadh air an làraich-lìn againn agus ga bhrosnachadh tro na cuairt-litrichean againn, foillseachaidhean (m.e iris luchd-còmhnaidh an àite *Cairn*) agus seanailean nam meadhanan sòisealta. Bidh sinn cuideachd a' sgaoileadh lethbhreacan gu buidhnean leth-eisimeileach agus do bhuidhnean treas-phàrtaidh eile far a bheil sin iomchaidh, a' mìneachadh an dleastanais aca ann an lìbhrigeadh a' phlana, a bharrachd air buidhnean Gàidhlig iomchaidh agus buidhnean eile le ùidh sa chùis. Bidh lethbhreacan rim faighinn dhan luchd-ùidh eile uile ma thèid an iarraidh.

Sgaoilidh sinn ceanglaichean ris a' phlana gu buidhnean poblach neo-roinneil, riochdairean agus cunnradairean, agus sgaoilidh sinn e le buidhnean com-pàirteachais a' Phlana Com-pàirteachais, buidhnean Gàidhlig agus buidhnean eile aig a bheil ùidh sa chùis.

6.2 Goireasachadh a' Phlana



Bidh na gnìomhan a tha san treas eagraan seo den Phlana Ghàidhlig air an goireasachadh mar phàirt de phròiseas buidseit a' Phlana Chorporra bliadhnail againn, a tha fo ùmhlachd ath-sgrùdaidh le Bòrd Ùghdarras na Pàirce agus a thèid fhoillseachadh air an làraich-lìn againn.

6.3 A' sgrùdadh a' Phlana

Mar a rinn sinn leis na tionndaidhean mu dheireadh den Phlana Ghàidhlig, nì sinn aithisgean adhartais bliadhnail – [a thèid fhoillseachadh air an làraich-lìn againn](#) – a sheallas mar a tha sinn a' lìbhrigeadh nan amasan a tha air am mìneachadh sa phàipear seo.

Thèid a h-uile ceist Ghàidhlig a gheibhear a chlàradh agus a fhreagairt. Cumaidh an sgrùdadh bliadhnail air sgilean Gàidhlig cunntas air na sgilean cànanain a th' aig an luchd-obrach agus buill a' bhùird againn, agus cuidichidh e le bhith ag aithneachadh iarrtasan trèanaidh fa leth. Bidh seo an uair sin a' fiosrachadh riatanasan trèanaidh is leasachaidh na buidhne san àm ri teachd. Bidh sinn cuideachd a' cumail sùil air ar gnìomhachd sna meadhanan Gàidhlig agus sna meadhanan sòisealta.



7. A' leabachadh a' phlana taobh a-staigh Ùghdarras na Pàirce

7.1 Uallach airson a' phlana air a' cheann thall

Tha uallach obrachail aig an Àrd-oifigear aig a' cheann thall airson deasachadh, cur an gnìomh agus sgrùdadh Plana Gàidhlig Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh: Is urrainnear fios a chur thuca mar a leanas:

Grant Moir
Àrd-oifigear
Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh
14 A' Cheàrnag
Baile nan Granndach
PH26 3HG

Fòn: 01479 873 535
Post-d: enquiries@cairngorms.co.uk

7.2 Uallach làitheil airson a' phlana

Tha uallach làitheil air Ceannard a' Chonaltraidh agus a' chom-pàirteachaidh airson lìbhrigeadh agus sgrùdadh an treas eagraan de Phlana Gàidhlig Ùghdarras na Pàirce. Bu chòir ceistean mu obrachadh a' phlana bho latha gu latha a chur gu:

Olly Davies
Ceannard a' Chonaltraidh agus a' Chom-pàirteachaidh
Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh
14 A' Cheàrnag
Baile nan Granndach
PH26 3HG

Fòn: 01479 873 535
Post-d: enquiries@cairngorms.co.uk



7.3 Buidheann buileachaidh is sgrùdaidh a' phlana Ghàidhlig

'S e a' bhuidheann a bhios a' sgrùdadh cur an gnìomh a' Phlana gu cunbhalach taobh a-staigh Ùghdarras na Pàirce a' bhuidheann air a bheil Buidheann Riaghlaidh an Ùghdarras: Tha e air a dhèanamh suas de cheannardan seirbheis a' gabhail a-steach Cairngorms 2030, Conaltradh agus Com-pàirteachadh, Glèidhteachas, Ionmhas, HR agus Leasachadh Buidhne, Stiùireadh Fearainn, Dealbhadh is Leasachadh Dùthchail, agus Seirbheisean Luchd-tadhail agus Siubhal Gnìomhach.

7.4 A' conaltradh le luchd-obrach

Bidh an luchd-obrach air fad a' faighinn an fhiosrachadh as ùire gach bliadhna air adhartas a' Phlana Ghàidhlig againn. Chaidh iarraidh air an luchd-obrach air fad againn cuideachd na beachdan aca a chur a-steach dhan obair cho-chomhairle air a' Phlana Ghàidhlig. Chan eil oifigear Gàidhlig sònraichte aig Ùghdarras na Pàirce agus tha lìbhrigeadh a' Phlana Ghàidhlig leabaichte ann an planaichean obrach an luchd-obrach tron bhuidhinn air fad.

A bharrachd air sin, mar phàirt den Phlana Ghàidhlig seo agus de Sgeama Barantais nan Daoine Òga againn, tha sinn a' tabhann inntearnas ceithir mìosan gach bliadhna do neach-labhairt na Gàidhlig (le buidseit) a leigeas leinn buannachd fhaighinn bho na sgilean aig oileanach Gàidhlig, a bheir dhaibh cothrom cur ris na sgilean conaltraidh is com-pàirteachaidh aca.

7.5 Buidhnean Leth-eisimeileach is Treas Pàrtaidhean

Bidh sinn a' toirt comhairle agus taic do ghnìomhachasan agus buidhnean coimhearsnachd taobh a-staigh na Pàirce Nàiseanta gu for-ghnìomhach gus Gàidhlig a chleachdadh nan obair fhèin, a' gabhail a-steach tro na h-aontaidhean sònraichte le com-pàirtichean agus tron sgeama cùmhnant-brann sònraichte againn. Bithear a' foillseachadh susbaint Ghàidhlig gu cunbhalach air an làraich-lìn againn agus air seanailean nam meadhanan sòisealta againn agus cumaidh sinn oirnn gan co-roinn leis an lìonra againn nuair a thèid an cruthachadh.

7.6 In-sgrùdadh air comasan Gàidhlig



Tha toraidhean an sgrùdaidh bhliadhnail againn air sgilean Gàidhlig gam foillseachadh anns [na h-aithisgean adhartais Gàidhlig](#) againn, a tha rim faighinn air làrach-lìn na Pàirce Nàiseanta. Tha seo a' gabhail a-steach na h-àireimh de luchd-obrach aig a bheil comas Gàidhlig a bhruidhinn, a leughadh, a sgrìobhadh no a thuigsinn agus an ìre aig a bheil na sgilean cànan sin. Bha e a' gabhail a-steach cuideachd an àireamh de luchd-obrach le trèanadh ann an sgilean Gàidhlig, a bharrachd air an àireamh de dhreuchdan obrach air an sanasachadh le Gàidhlig mar sgil riatanach no ion-mhiannaichte.

DEIREADH NA SGRÌOBHAINNE